



**NatureScot**  
**NàdarAlba**

Scotland's Nature Agency  
Buidheann Nàdair na h-Alba

Rùnaire a' Chaibineid do Chùisean Dùthchail, Ath-Leasachadh an Fhearainn agus nan Eilean  
Taigh Naomh Anndra  
Rathad Regent  
Dùn Èideann  
EH1 3DG

scottish.ministers@gov.scot

5 Cèitean 2025

Rùnaire a' Chaibineid chòir,

**OIFIGEIL AGUS DÌOMHAIR: Beachd airson Pàirc Nàiseanta ùr ann an Gall-Ghàidhealaibh –  
Comhairle bho Bhuidheann-Aithisg NàdarAlba**

Tha mi toilichte a' chomhairle againn mar Bhuidheann-Aithisg a thoirt dhuibh air a' bheachd  
airson Pàirc Nàiseanta ùr ann an Gall-Ghàidhealaibh.

Nuair a dh'iarr sibh air NàdarAlba dreuchd a' Bhuidhinn-Aithisg a ghabhail os làimh, bha fios  
againn gun robh obair dhùbhlanach romhainn. Bha seo gu dearbh ceart. Tha obair na co-  
chomhairleachaidh air a bhith farsaing a thaobh meud agus susbaint 's sinn gu dùrachdach  
a' feuchainn ri conaltradh a chumail ris na buidhnean targaid a chomharraich sibh san  
sgrìobhainn agaibh, cho math ris an fharsaingeachd mhòr de bhuidhnean-ùidhe air feadh  
Ceann a Deas na h-Alba. Ged a tha sinn mothachail gu bheil sgaradh bheachd air nochdadh  
ann an cuid a chòmhradhean, tha sinn a' creidsinn gu bheil an ùine a chuir sinn seachad a'  
bruidhinn ris an uiread de dhaoine 's buidhnean aig a bheil ùidh mhòr sa chùis air deagh  
shealladh a thoirt dhuinn air na dùbhlain a tha mu choinneamh na sgìre agus mar a b'  
urrainn do Phàirc Nàiseanta ùr aghaidh a chur orra.

Tha obair a' Bhuidhinn-Aithisg air a bhith toinnte. Bha am Bòrd agam mothachail air an obair  
a bha romhainn nuair a bha sinn ag ullachadh na comhairle seo: a' dèanamh measadh air  
mar a chuireadh Pàirc Nàiseanta ùr ri prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba; a' toirt fa-near  
suidheachadh na sgìre; a' freagairt air feumalachdan choimhearsnachdan ionadail; agus, a'  
toirt gu buil bhuannachdan airson na h-àrainneachd cho math ri fàs eaconamach 's  
cleachdaidhean adhartach an fhearainn. Dh'iarr sibh oirnn cuideachd an ìre de thaic airson  
a' bheachd 's roghainnean eile a thomhas. A thuilleadh air a bhith gu sìmplidh a' coimhead  
air an àireamh dhaoine a tha air a son agus na h-aghaidh, tha sinn air coimhead air neartan  
's laigsean nan argamaidean air gach taobh.

A rèir na fianais a tha sinn air cruinneachadh mar Bhuidheann-Aithisg, ged a tha taic ann dhan Phàirc Nàiseanta 's na dh'fhaodadh tighinn na lùib airson na sgìre, tha e soilleir gu bheil dùbhlann nach beag na h-aghaidh cuide ri gnothaichean ioma-fhillteach 's mì-chinnteach a tha ann fhathast mun bhuidheann a dh'fhaodadh do Phàirc Nàiseanta a thoirt air daoine fa leth, coimhearsnachdan 's gnìomhachasan anns an sgìre.

'S e a' chomhairle againn dha Ministearan gum breithnich sibh air gun a bhith a' dol air adhart leis an ainmeachadh agus na àite gun tèid breithneachadh air cothroman airson na rianan a th' ann an-dràsta a neartachadh. Ged a tha am mion-sgrùdadh againn a' cur an cèill gu bheil an sgìre nas fharsainge a tha fa near a' coileanadh nan cumhaichean a th' anns an Achd, 's e am measadh againn mar Bhuidheann-Aithisg nach eil soillearachd gu leòr anns a' bheachd agus nach d' fhuair e taic gu leòr anns an sgìre airson a dhol air adhart leis.

Tha an Aithisg againn a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach air an sgrùdadh againn agus tha i a' toirt iomradh air na dh'fhaodadh a bhith an cois neartachadh nan rianan a th' ann mar-thà. Mar a chaidh iarraidh, tha molaidhean anns an aithisg air mar a ghabhadh Pàirc Nàiseanta a thoirt gu bhith mas e 's gun co-dhùn Ministearan ri dhol air adhart leis an ainmeachadh.

Anns a' choimisean a thug sibh dhomh air 24 Iuchar 2024, dh'iarr sibh gun dèanainn cinnteach gun rachadh beachd sam bith a th' aig NàdarAlba mar bhuidheann-comhairleachaidh reachdail air gnothaichean dualchais nàdarra a chumail fa leth. Mar sin tha mi air litir eile a chur thugaibh anns a bheil molaidhean a' Bhùird agam dhuibh mar a' bhuidheann-comhairleachaidh reachdail agaibh air glèidhteachas nàdair.

Anns an dealachadh, chuirinn fàilte air coinneamh còmhla ribh airson bruidhinn mun Aithisg againn.

Le gach deagh dhùrachd,



**Oll. Colin Galbraith FRSE**  
Cathraiche